

ACHD NAN COMPANAIDHEAN 1985

COMPANAIDH CUINGEALAICHTE LE BARANTAS AGUS GUN CHALPA EARRAINNEAN

MEÒMRACHAN COMAINN

COMANN MUINNTIR RATHARSAIR

1. 'S e ainm a' chompanaidh "Comann Muinntir Ratharsair"
2. Bidh oifis chlàraichte a' chompanaidh ann an Alba.
3. S e amasan a' chompanaidh:
 - 3.1 Buannachd muinntir Ratharsair is a nàbachd adhartachadh gun deifir a-thaobh gnè, gnèitheachd, beachdan poileataigeach, cràbhach no eile le bhith dèanamh ceangail eadar ùghdarrasan reachdail ionadail, buidhnean shaor-thoileach agus muinntir an àite ann an oidhirp choitcheann gus foghlam adhartachadh agus goireasan a sholar, no cuideachadh le solar ghoireasan a chuireas ri leas sòisealta, agus airson chur-seachadan is cleachdadh saor-ùine gus gum bi cor beatha nan daoine air a leasachadh. Ann an cur taic ri seo, chan ann air a chaochladh, bidh a' bhuidheann a' sireadh
 - a) stèidheachadh Ionad Coimhearsnachd a chur air adhart agus
 - b) adhbhar carthannach sam bith eile adhartachadh airson leas Coimhearsnachd Ratharsair.

Ann a bhith a' coileanadh nan amasan sin (ach cha bhi air chor eile), bidh na cumhachdan a leanas aig a' chompanaidh:-

- (a) Ionad Coimhearsnachd a thogail, sealbh a ghabhail air, a riaghladh agus a chumail suas
- (b) Gnìomh sam bith eile a ghabhail os làimh gus gin dhe na h-amasan gu h-àrd a chur air adhart
- (c) Rudan a chur air dòigh mar ceilidhean, dealbhan-cluich, comharrachaidhean, partaidhean, ceàrd-lainn, clasaichean agus rud sam bith eile a bhiodh gu buannachd na coimhearsnachd.
- (d) Companaidh sam bith a bhrosnachadh nam biodh an obair aige buailteach gin dhe na h-amasan gu h-àrd a chur air adhart, no nam faodadh e bhith na theachd-a-steach gus taic a chur ri obair a' chompanaidh, earrainnean fhaotainn is a chumail ann an companaidhean mar sin agus gach dreuchd co-cheangailte ri companaidh cumail a ghabhail os làimh co-cheangailte ri companaidh sam bith a tha na fho-chompanaidh dhen chompanaidh.

- (e) Gnothach is fèicheanasan buidheann sam bith le cuid-seilbh no còirichean a tha freagarrach air obair a' chompanaidh fhaotainn is a ghabhail thairis gu lèir no ann am pàirt.
- (f) Cuid-seilbh no còirichean a tha freagarrach air obair a' chompanaidh a cheannach, a ghabhail air mhàl no fhaotainn ann an dòigh sam bith eile.
- (g) Cuid-seilbh is còirichean a' chompanaidh, gu lèir no ann am pàirt, a leasachadh is a riaghladh no òrdachadh air dhòigh sam bith eile.
- (h) Cuid-seilbh is còirichean a' chompanaidh, gu lèir no ann am pàirt, a reic, a leigeil air mhàl, a cheadachadh no a chur bhuaithe air dhòigh eile.
- (i) Airgead a thoirt air iasad agus creideas a thoirt seachad, (le barantas no às aonais) barantasan a bhuileachadh agus àirleasan a thoirt seachad.
- (j) Airgead fhaotainn air iasad, agus barantas a thoirt gus taic a chur ri iasad sam bith mar sin a gheibh an companaidh, gus taic a chur ri dleastanasan a ghabhas an companaidh os làimh no gus taic a chur ri barantas sam bith a thug an companaidh seachad.
- (k) Luchd-obrach fhadstadh mar a bhios iomchaidh gus obair a' chompanaidh a chur air adhart gu dòigheil, agus ullachadh reusanta a dhèanamh gus peinnsean agus/no sochairean eile a phàigheadh dhan luchd-obrach, feadhainn a chleachd a bhith nan luchd-obrach agus teaghlaichean a tha an urra riutha.
- (l) Luchd-comhairleachaidh fhadstadh bho àm gu àm mar a bhios sin iomchaidh.
- (m) Àrachas de gach seòrsa a chur an gnìomh ('s dòcha a' gabhail a-steach àrachas buailteachd oifigearan).
- (n) Maoin sam bith, air nach eil feum san spot airson obair a' chompanaidh, a chur an seilbh ann an tasgaidhean iomchaidh (agus tasgaidhean mar sin a chur bhuaithe no atharrachadh).
- (o) Ceangal a dhèanamh ri buidhnean saor-thoileach eile, ùghdarras ionadail, buidhnean is roinnean riaghaltas Bhreatainn no Alba, agus buidhnean eile, leis an rùn amasan a' chompanaidh a chur air adhart.
- (p) Buidheann carthannais sam bith eile a stèidheachadh agus/no taic a thoirt dha, agus taic airgid a thoirt seachad airson adhbhar carthannais sam bith a tha taobh a-staigh amasan a' chompanaidh.
- (q) Ceumannan iomchaidh sam bith a ghabhail gus airgead a thogail airson obair a' chompanaidh.
- (r) Gabhail ri taicean airgid, tabhartasan airgid no dileaban de gach seòrsa (agus aontachadh ri cùmhnantan reusanta sam bith co-cheangailte riutha).
- (s) Cur an aghaidh, no a dhol an aghaidh, tagradh no cùis sam bith a dh'fhaodadh droch bhuaidh a thoirt air gnothaichean a' chompanaidh.
- (t) Aonta a dhèanamh ri buidheann sam bith, ris an riaghaltas no ri ùghdarras a dh'fhaodadh a bhith na bhuanachd do dh'obair a' chompanaidh, agus aontachadh ri

càil sam bith a thaobh co-obrachaidh le buidheann carthannais sam bith no a bhiodh gu buannachd gach buidheann dhiubh sin.

- (u) Rud sam bith a dhèanamh a dh'fhaodadh gin de dh'amasan a' chompanaidh adhartachadh.

Agus thathar a' cur an cèill

- (i) gu bheil sa chlàs seo, "cuid-seilbh" a'ciallachadh cuid-seilbh sam bith, oighreachail no gluasadach, ge b'e càit a bheil e suidhichte
- (ii) sa chlàs seo, agus air feadh a' mheòmhachain chomainn seo, gur e ciall an fhacail "carthannas" a'chiail a tha aige a rèir earrainn 505 de Achd nan Cìsean Cosnaidh is Corporaid 1988, a tha a' gabhail a-steach atharrachadh reachdail no ath-achdachadh rè na h-ùine a tha sin an gnìomh.

- 4. (a) Cleachdar teachd-a-steach is cuid-seilbh a' chompanaidh a-mhàin gus amasan a' chompanaidh a bhrosnachadh (mar a tha iad sin air an cur an cèill ann an clàs 3).

(b) Cha tèid sgath de theachd-a-steach no de chuid-seilbh a' chompanaidh a phàigheadh, no a thoirt seachad (gu dìreach no gu neo-dhireach) do bhuill a' chompanaidh, co-dhiù 's ann mar dhuais-roinn, bònas no eile.

(c) Cha tèid stiùiriche sa chompanaidh fhastadh mar neach-obrach pàighte sa chompanaidh; cha bhi dreuchd aig stiùiriche sam bith sa chompanaidh ma tha tuarastal no cìs na chois.

(d) Cha toir an companaidh sochair sam bith (airgead no càil sam bith eile) do stiùiriche ach a-mhàin airson (i) cosgaisean pòcaid a phàigheadh air ais no (ii) pàigheadh reusanta airson sheirbheisean sònraichte (chan ann co-cheangailte ri obair riaghlaidh) a thugadh dhan chompanaidh.

- 5. Tha buailteachd nam ball cuingealaichte.

- 6. Tha gach ball dhen chompanaidh a' gabhail os làimh gun cuir iad suim sam bith a bhios riatanach (ach nach bi nas motha na £1) ri maoin a' chompanaidh ma thèid a chur mu sgaoil fhad 's a tha e/i na b(h)all no an taobh a-staigh de bhliadhna an dèidh dha/dhi ballrachd a leigeil seachad, gus pàigheadh airson fiachan is fèicheanasan a thàinig air a' chompanaidh mus do leig e/i dheth/dhi ballrachd a' chompanaidh, agus cosgaisean is cìsean sgaoilidh a' chompanaidh, agus airson còirichean luchd-co-thabhartais a chur air dòigh nam measg fhèin.

- 7. (a) Mas e agus gum bi cuid-seilbh sam bith air fhàgail an dèidh fiachan is fèicheanasan a' chompanaidh a phàigheadh nuair a sgaoilear an companaidh, cha phàighear agus cha roinnear a' chuid-seilbh sin am measg buill a' chompanaidh; an àite sin, bheirear a' chuid-seilbh sin do bhuidheann no buidhnean carthannais (co-dhiù corporraichte no neo-chorporraichte) le amasan a tha coltach (gu lèir no ann am pàirt) ri amasan a' chompanaidh.

(b) Bidh am buidheann no na buidhnean dhan toirear a' chuid-seilbh fo pharagraf (a) air a shònrachadh le buill a' chompanaidh aig àm an sgaoilidh no mus tèid a sgaoileadh no, mura bi e air a shònrachadh, le cùirt aig am bi ùghdarras aig an àm.

(c) Mas e agus nach gabh na cùmhnantan ann am paragrafan (a) agus (b) de chlàs 7 a chur an gnìomh, bheirear a' chuid-seilbh do bhuidheann no do bhuidhnean carthannais eile.

8. Cumar cunntasan a rèir riaghailtean reachdail agus bidh na cunntasan sin a' còmhach, gu mionaideach, bho latha gu latha, gach suim airgid a thàinig a-steach agus a chaidh a chosg leis a' chompanaidh. Bidh iomradh sna cunntasan air cò às a thàinig an t-airgead agus cò air a chaidh a chosg agus bidh maoin is fèicheanasan a' chompanaidh air an clàradh. Bidh cothrom aig stiùiriche sa chompanaidh na cunntasan a sgrùdadh uair sam bith

Tha SINNE, luchd-aontachaidh a' mheòhrachain chomainn seo, airson a bhith nar companaidh a rèir a' mheòhrachain seo.

Ainmean is seòlaidhean an luchd-aontachaidh

1. George Thomas Geoffrey Langford,
23 Inverarish Terrace, Isle of Raasay, IV40 8NS
 2. Caroline Mackechnie,
10 Mill Place, Isle of Raasay, IV40 8NU
 3. Sarah Blackwood McLeod,
3 The Cottages, Inverarish, Isle of Raasay IV40 8NT
 4. Roland Macalister Stiven,
49 Inverarish Terrace, Isle of Raasay, IV40 8NS
 5. Jill Mary Westgarth,
4 Inverarish Terrace, Isle of Raasay, IV40 8NS
-

Deit

Fianais airson nan làmh-sgrìobhaidhean:-

ARTAIGILEAN COMPANAIDH PRÒISEACTAN

COMANN MUINN TIR RATHARSAIR

CLÀR-INNSE

SAN FHARSAINGEACHD

structair san fharsaingeachd

artaigil 1

BUILL

riaghailtean ballrachd, tagradh, aontachadh, clàr, tarraing air ais, ionarbhadh, sgaoileadh/atharrachadh

artaigilean 2-13

COINNEAMHAN COITCHEANN (coinneamhan de bhuill)

san fharsaingeachd, fios, rùintean sònraichte/coitcheann, modh-obrach

artaigilean 14-34

STIÙIRICHEAN

àireamh as motha, ion-roghnachd, taghadh/ dreuchd ga leigeil seachad/ ath-thaghadh, crìoch dreuchd, clàr, buill comataidh, cumhachdan, com-pàirt phearsanta

artaigilean 35-51

COINNEAMHAN STIÙIRICHEAN

modh-obrach

artaigilean 52-61

RIANACHD

comataidhean, cunntasan banca, rùnaire, gearr chunntas, clàradh chunntasan is cunntasan bliadhnail, fiosan

artaigilean 62-72

MEASGACHADH

sgaoileadh, àirleas, mineachadh

artaigilean 77-78

Structair san fharsaingeachd

1. 'S e structair a' chompanaidh:-

- (a) na BUIILL – le còir a' choinneamh bhliadhnail a fhrithealadh (agus coinneamhan sònraichte eile) agus le cumhachdan cudromach fo artaigilean a' chompanaidh agus Achd nan Companaidhean; gu sònraichte, bidh na buill a' taghadh dhaoine a bhios nan stiùirichean agus a nì co-dhùnadh co-cheangailte ri atharraichean sna h-artigilean fhèin
- (b) na STIÙIRICHEAN – a bhios a' cumail choinneamhan gu cunbhalach eadar na coinneamhan bliadhnail, agus a bhios a' cumail sùil air obair a' chompanaidh agus ga riaghladh; gu sònraichte, tha e an urra ri na stiùirichean sùil a chumail air suidheachadh airgid a' chompanaidh.

Ballrachd

- 2. Bidh ballrachd a' chompanaidh a' gabhail a-steach lchd-aontachaidh meòmhrachan a' chomainn agus duine sam bith eile a ghabhar fo artigilean 3 gu 7.
- 3. Bidh ballrachd fosgailte do neach sam bith a tha thairis air ochd bliadhn' deug agus a tha a' fuireach ann an Ratharsair. Ballrachd co-thogte, neach eil a deanamh di-mhios air riaghlailtean bhotaidd, bi seo fosgailte gu duine sam bi (cuideachd feabhainn bho aois 18 tha fuireachd lan uine air an eilean) aig a bheil uidh ann an Eilean Ratharsair, neo aig a bheil taobh ri amasan a Chompanaidh.
- 4. Cha bhi cead aig daoine a tha ag obair dhan chompanaidh a bhith nam buill; ma thòisicheas neach ag obair dhan chompanaidh an dèidh a bhith air gabhail dhan bhallrachd, stadaidh a' bhallrachd air ball.

A' tagradh airson ballrachd

- 5. Feumaidh duine sam bith a tha ag iarraidh a bhith na bhall tagradh sgiobhte a shoighnigeadh agus a chur a-steach chun a' chompanaidh. Bidh an tagradh sin ag aontachadh am barantas a tha air iarraidh a phàigheadh.
- 6. Feumaidh am bòrd stiùiridh gabhail ri tagradh no a dhiùltadh. Faodaidh am bòrd, le deagh adhbhar, ballrachd neach sam bith a thoirt gu crìch ach, bidh a' chòir aig a' bhall èisteachd fhaotainn on bhòrd mus dèanar an co-dhùnadh deireannach.
- 7. Beachdaichidh na stiùirichean air gach tagradh airson ballrachd aig a' chiad choinneamh dhe na stiùirichean a chumar an dèidh an tagradh fhaotainn; leigidh na stiùirichean fios chun an tagraiche an taobh a-staigh de dh'ùine reusanta an dèidh na coinneimh mun cho-dhùnadh aca.

Cis ballrachd

8. Cha phàighear cis ballrachd.

Clàr nam ball

9. Cumaidh na stiùirichean clàr dhe na buill, le ainmean is seòlaidhean gach neach, an deit air air an do ghabh e/i ballrachd, agus an deit air an do leig e/i seachad ballrachd.

A' leigeil seachad ballrachd

10. Feumaidh neach sam nith a tha airson ballrachd a leigeil seachad fios sgrìobhte a shoighnigeadh agus a chur chun a' chompanaidh ag innse nach bi e/i na b(h)all an dèidh dhan chompanaidh am fios fhaotainn.

A' call ballrachd

11. Faodar neach sam bith a chur às a' bhallrachd le rùn sònraichte (faic artaigil 24), ma leanar am modh-obrach seo:-
 - (a) feumaidh an neach fios de 21 latha co-dhiù fhaotainn gu bheilear am beachd an rùn a mholadh, agus an t-adhbhar airson a bhith a' call ballrachd a mhìneachadh
 - (b) bidh a' chòir aig a' bhall a bheachd air an rùn a chur an cèill aig a' choinneamh choitcheann aig an tèid an rùn a mholadh.

Crioch/atharrachadh

12. Thig ballrachd gu crìch le bàs a' bhuill.
13. Chan fhaod ball a' bhallrachd aige/aice a thoirt do dhuine sam bith eile.

Coinneamhan coitcheann (coinneamhan nam ball)

14. Gairmidh na stiùirichean coinneamh bhliadhnail (ach a-mhàin sa bhliadhna a thèid an companaidh a stèidheachadh); cumar a' chiad choinneamh bhliadhnail an taobh a-staigh de 18 mìosan dhen deit a chaidh an companaidh a stèidheachadh.
15. Cha bhi nas fhaide na 15 mìosan eadar dà choinneimh bhliadhnail.
16. Bidh clàr gnothaich gach coinneimh bhliadhnail a' còmhdach:-
 - (a) aithisg on chathraiche air obair a' chompanaidh
 - (b) beachdachadh air cunntasan a' chompanaidh airson na bliadhna
 - (c) thaghadh/ath-thaghadh nan stiùirichean, a rèir artaigilean 37 gu 39.
17. Faodaidh na stiùirichean coinneamh shònraichte a ghairm uair sam bith.
18. Feumaidh na stiùirichean coinneamh shònraichte a ghairm ma tha iarrtas iomchaidh ann o na buill air a son (fo earrainn 368 dhen Achd) no ma dh'iarrar i le cunntasair a tha a' leigeil dheth a dhreuchd (fo earrainn 392A dhen Achd).

Fios mu choinneamhan coitcheann

19. Feumar fios a thoirt co-dhiù 21 latha slàn ron àm airson (a) coinneamh bhliadhnail no (b) coinneamh shònraichte aig a bheil rùn sònraichte (faic artaigil 24), no rùn a tha a' feumachdainn fios sònraichte fon Achd, gu bhith air a mholadh; gairmear coinneamhan coitcheann eile co-dhiù 14 latha slàn ron àm.
20. Tha "latha slàn" ann an artaigil 19 a' ciallachadh gun tòisich a' cunntas nan làithean an latha an dèidh dhan fhios a phostadh, (no, a thaobh fios ann an conaltradh dealain, an latha an dèidh na h-uair a chuireadh air falbh e) agus cha bhi latha na coinneimh ga chunntas nas mò.
21. Innsidh fios mu choinneimh cuin is càite am bi i; bidh iomradh ann air (a) na gnothaichean ris am bithear a' dèiligeadh aig a' choinneimh agus (b) ma tha rùn sònraichte (faic artaigil

- 24) (no rùn a dh'fheumas fios sònraichte fon Achd) gu bhith air a mholadh, innsidh e sin cuideachd agus na cùisean a tha co-cheangailte ris an rùn
22. Innsidh fios mu choinneimh bhliadhnail gur e coinneamh bhliadhnail a tha gu bhith ann; 's e coinneamh choitcheann a bhios air coinneimh sam bith eile.
23. Thèid fios mu gach coinneimh choitcheann (an dara cuid ann an sgrìobhadh no, tro chonaltradh dealain ma thug duine seachad seòladh airson conaltradh dealain) gu na buill gu lèir agus gu na stiùirichean, agus (ma tha cunntasairean san oifis aig an àm) gu na cunntasairean.
24. Ma bhios cuideigin ann nach d'fhuair fios air adhbhar air choireigin, cha chuir neach sam bith a bu chòir fios fhaotainn cùisean na coinneimh sin gu neo-bhrìgh.

Rùintean sònraichte agus rùintean àbhaisteach

25. Anns na h-artaigilean seo, tha “rùn sònraichte” a’ ciallachadh rùn a chaidh aontachadh le 75% no còrr dhe na bhòtaichean a chaidh a chur airson an ruin aig coinneimh bhliadhnail no coinneamh shònraichte, fhad 's a thugadh fios dòigheil mun choinneimh agus gun robhar an dùil an rùn a mholadh a rèir artaigilean 19 gu 23; gus nach bi teagamh sam bith sa chùis, tha mòrchuid de 75% a’ buntainn a-mhàin ri na bhòtaichean a chaidh a chur airson an rùn seach an aghaidh an rùn agus, mar sin, cha toirear feart air feadhainn nach do bhòt idir no nach robh an làthair aig a’ choinneimh.
26. A bharrachd air na cùisean a tha air an ainmeachadh gu sònraichte ann an àite eile sna h-artaigilean seo, tha an Achd a’ ceadachadh dhan chompanaidh, le rùn sònraichte,
- an t-ainm aige atharrachadh
 - meòmhrachan a’ chomuinn atharrachadh a thaobh amasan a’ chompanaidh
 - rud sam bith sna h-artaigilean seo atharrachadh no gabhail ri artaigilean ùra
27. Cho fada 's a tha na h-artaigilean seo air an gabhail a-steach, tha “rùn àbhaisteach” a’ ciallachadh rùn a chaidh aontachadh le mòrchuid de bhòtaichean (a’ gabhail a-steach dìreach na bhòtaichean a chaidh a chur airson an rùn seach feadhainn a chaidh a chur na aghaidh agus (far a bheil sin iomchaidh) bhòt sheulachaidh a’ chathraiche), aig coinneimh bhliadhnail no coinneamh shònraichte, fhad 's a thugadh fios dòigheil a rèir artaigilean 19 gu 23.

Modh-obrach aig coinneamhan coitcheann

28. Cha tèid dèiligeadh ri gnothaichean sam bith aig coinneimh choitcheann nas lugha na bhios cuòram an làthair; 's e sianar bhall, an làthair gu pearsanta, an cuòram airson coinneamh choitcheann no 1/10^{mh} dhen bharrachd, ge b' e dè an àireamh as motha.
29. Mura bheil cuòram an làthair taobh a-staigh 15 mionaidean dhen uair aig am bu chòir dhan choinneimh choitcheann a bhith air tòiseachadh – no, rè na coinneimh, ma dh'fhàgas duine agus nach bi cuòram an làthair – cuirear dàil sa choinneimh gu àm is àite eile a rèir mar a shuidhicheas cathraiche na coinneimh.
30. Bidh cathraiche a’ chompanaidh (ma tha e an làthair agus deònach a bhith sa chathair) sa chathair aig gach coinneimh choitcheann; mura bheil an cathraiche an làthair agus deònach a

bhith sa chathair taobh a-staigh 15 mionaidean dhen uair aig an robh còir a' choinneamh tòiseachadh, taghaidh na buill a tha an làthair om measg fhèin cuideigin a thèid dhan chathair airson na coinneimh sin.

31. Faodaidh an cathraiche air coinneimh choitcheann, le cead na tha an làthair, dàil a chur sa choinneimh gu àm is àite a chomharraicheas an cathraiche.
32. Bidh aon bhòt aig gach ball, a bheirear seachad (co-dhiù 's ann le làimh no gu diomhair) gu pearsanta.
33. Ma tha na bhòtaichean airson agus an aghaidh rùn sam bith co-ionnan, faodaidh bhòta sheulachaidh a bhith aig a' chathraiche.
34. Thèid rùn a chuirear gu bhòt aig coinneimh choitcheann a cho-dhùnadh le àireamh nan làmhnan a thogar nas lugha na dh'iarras an cathraiche (no co-dhiù dithis dhe na buill a tha an làthair aig a' choinneimh) bhòt dhìomhair; faodar bhòt dhìomhair iarraidh an dara cuid mus tog daoine an làmhnan, no dìreach an dèidh do dhaoine an làmhnan a thogail.
35. Ma dh'iarrar bhòt dhìomhair, thèid sin a dhèanamh aig a' choinneimh agus san dòigh a mholas an cathraiche; thèid toradh na bhòt innse aig a' choinneimh aig an deach a' bhòt iarraidh.

An àireamh as motha de stiùirichean

36. Cha bhi nas motha na naoinear stiùirichean ann.

Ion-roghnachd

37. Cha bhi duine ion-roghnach airson thaghadh/dreuchd mar stiùiriche nas lugha na tha e/i na b(h) all dhen chompanaidh. Cha bhi duine ion-roghnach airson taghadh/dreuchd mar stiùiriche ma tha e/i ag obair dhan chompanaidh.

37A. Duine sam bith a tha air a bhith na stiùiriche airson 6 bliadhna, feumaidh e an dreuchd a leigeil sin a leigeil seachad agus chan fhaodar ath-thaghadh gus am bi bliadhna eile air a dhol seachad.

37B A thaobh artaigil 37A

- a) measar an ùine on deit a chaidh an companaidh a stèidheachadh chun a' chiad choinneimh bhliadhnail mar bhliadhna, nas lugha na tha e nas lugha na sia mìosan agus, ma tha, cha bhi e a' cunntas
- b) measar an ùine on deit a chaidh stiùiriche a chur na dhreuchd mar bhliadhna, nas lugha na tha e nas lugha na sia mìosan agus, ma tha, cha bhi e a' cunntas
- c) measar an ùine on deit bho aon choinneamh bhliadhnail gus an ath choinneamh 'se aon bhliadhna.
- d) ma leigeas stiùiriche seachad dreuchd ach gun tèid a chur air ais ann an dreuchd mar stiùiriche an taobh a-staigh de shia mìosan, bidh e/i air a mheas mar gu robh e/i ann an dreuchd stiùiriche fad na h-ùine.

Taghadh, leigeil seachad dreuchd, ath-thaghadh

38. Aig gach coinneimh bhliadhnail, faodaidh na buill (a rèir artaigil 35) ball sam bith (fhad 's a tha e/i deònach sin a dhèanamh) a thaghadh mar stiùiriche.

39. Faodaidh na stiùirichean aig àm sam bith ball sam bith a chur an dreuchd (fhad 's a tha e/i deònach sin a dhèanamh) gus àite bàn am measg nan stiùirichean a lìonadh. Gleidhidh stiùirichean a thaghar san dòigh seo an dreuchd dìreach gu àm na Coinneimh Bhliadhnail aig am biodh an stiùiriche a bh'ann bho thùs air a bhith a' leigeil dheth a dhreuchd.
40. Aig a' chiad choinneimh bhliadhnail, agus gach coinneamh bhliadhnail an dèidh sin, leigidh trian (chun an àireimh shlàn as fhaisge) dhe na stiùirichean dhiubh an dreuchd; thèid an t-òrdugh san leig daoine dhuibh an dreuchd a shònrachadh air thuaiream. Bidh e comasach stiùiriche sam bith a leigeas dheth a dhreuchd fon artaigil a bhith air ath-thaghadh (a rèir riaghailtean artaigil 37A).

Dreuchd a' tighinn gu crìch

41. Leigidh stiùiriche dheth a dhreuchd:-
- (a) mura bheil e/i tuilleadh na stiùiriche air sgàth cùmhnant sam bith dhen Achd no ma tha an lagh ga b(h)acadh o bhith na stiùiriche
 - (b) ma tha e/i air a b(h)acadh fo chùmhnant reachdail o bhith an sàs ann an riaghladh no rianachd buidheann carthannais
 - (c) mura bi e/i air chomas, air sgàth adhbhar slàinte, air a bhith a' coileanadh dleastanasan na dreuchd agus gu bheil dùil gun lean seo airson sia mìosan no nas fhaide
 - (d) ma leigeas e/i seachad ballrachd sa chompanaidh
 - (e) ma thòisicheas e/i ag obair dhan chompanaidh
 - (f) ma leigeas e/i seachad dreuchd le bhith ag innse dhan chompanaidh
 - (g) mura bheil e/i an làthair (gun chead nan stiùirichean) aig còrr is trì coinneamhan an ceann a chèile de choinneamhan nan stiùirichean, agus gun aontaich na stiùirichean e/i a c(h)ur às an dreuchd
 - (h) ma chuirear e/i às an dreuchd le rùn àbhaisteach (an dèidh fios shònraichte a thoirt seachad) a rèir earrainn 303 dhen Achd.

Clàr nan stiùirichean

42. Cumaidh na stiùirichean clàr dhe na stiùirichean, a' cur an cèill làn fhiosrachadh mu gach stiùiriche, an deit air an tàinig e/i gu bhith na stiùiriche, agus cuideachd an deit air an do leig neach sam bith seachad dreuchd mar stiùiriche.

Luchd-dreuchd

43. Taghaidh na stiùirichean om measg fhèin iar-chathraiche agus rùnaire, agus luchd-dreuchd sam bith eile (ma thogras iad) mar a bhios iomchaidh.
44. Leigidh an luchd-dreuchd gu lèir dhiubh an dreuchd aig deireadh gach coinneimh bhliadhnail, ach faodar an uair sin an ath-thaghadh.
45. Feumaidh neach sam bith a thèid a thaghadh airson dreuchd sam bith an dreuchd sin a leigeil seachad mura bi e tuilleadh ann an dreuchd stiùiriche, no ma leigeas e dheth an dreuchd sin ann an sgrìobhadh.

Cumhachdan nan stiùirichean

46. A rèir riaghailtean na h-Achd, meòmhrachan a' chomuinn agus na h-artaigilean seo, agus a rèir stiùireadh sònraichte sam bith a bheirear le rùn sònraichte, bidh an companaidh, so-mhaoin agus a ghnòthaichean air an riaghladh le na stiùirichean a dh'fhaodas gach cumhachd a tha aig a' chompanaidh a chleachdadh.
47. Faodaidh coinneamh dhe na stiùirichean far a bheil cuòram an làthair gach cumhachd a tha aig na stiùirichean a chleachdadh.

Com-pàirt phearsanta

48. Ma tha com-pàirt phearsanta aig stiùiriche ann an ghnòthaich sam bith a tha an companaidh am beachd a dhol an sàs ann, feumaidh e a' chom-pàirt sin fhoillseachadh aig coinneimh dhe na stiùirichean; bidh e/i air a b(h)acadh (a rèir artaigil 58) o bhith a' bhòtadh air a' cheist am bu chòir dhan chompanaidh a dhol an sàs sa ghnòthaich.
49. A thaobh na h-artaigil roimhe seo, bithear a' meas gu bheil com-pàirt phearsanta aig stiùiriche ann an ghnòthaich ma tha cèile no dlùth chàirdean eile no companaidh sa bheil e/i na c(h)om-pàirtiche no companaidh earranta sa bheil mòran roinnean aige/aice no sa bheil e/i na stiùiriche (no buidheann no duine sam bith a thathar a' meas co-cheangailte ris/rithe a rèir earrainn 317 dhen Achd), le com-pàirt phearsanta sa ghnòthaich sin.
50. Ma dh'fhoillsich e/i a' chom-pàirt phearsanta, - agus fhad 's nach do bhòt e/i air a' cheist am bu chòir dhan chompanaidh a dhol an sàs sa ghnòthaich – cha tèid bacadh air an stiùiriche o bhith a' dol an sàs sa chompanaidh sa bheil com-pàirt phearsanta aige/aice (no sa bheilear a' meas gu bheil com-pàirt phearsanta aige/aice fo artaigil 48) agus faodaidh e/i buannachd phearsanta a gheibh e/i o bhith an sàs sa ghnòthaich a chumail.
51. Chan fhaod stiùiriche a bhith ag obair (làn ùine no pàirt ùine) dhan chompanaidh, agus chan fhaod an companaidh pàigheadh sam bith a thoirt do stiùiriche airson a bhith a' coileanadh dleastanas stiùiriche.
52. Faodar cosgaisean siubhail agus cosgaisean iomchaidh eile gu lèir a thàinig orra an lùib a bhith a' frithealadh choinneamhan nan stiùirichean, coinneamhan coitcheann, no coinneamhan comataidh no eile ann an coileanadh an dleastanas.

Modh-obrach aig coinneamhan nan stiùirichean

53. Faodaidh an cathraiche, agus le iarrtas o thrian dhe na stiùirichean air a' char as lugha, cead a thoirt dhan rùnaire aig àm sam bith coinneamh dhe na stiùirichean a ghairm.
54. Thèid ceistean a dh'èireas aig coinneamhan nan stiùirichean aontachadh leis a' mhòrchuid de bhòtaichean; ma bhios na bhòtaichean co-ionnan, bidh bhòta sheulachaidh aig a' chathraiche.
55. Cha tèid dèiligeadh ri ghnòthaich sam bith aig coinneamh stiùirichean mura bi cuòram an làthair; 's e triùir no trian, ge b'e dè an àireamh as motha, an cuòram airson coinneamhan nan stiùirichean.
56. Ma thuiteas àireamh nan stiùirichean a tha ann an dreuchd aig àm sam bith nas isle na an àireamh a tha suidhichte airson cuòram, chan fhaod an stiùiriche/na stiùirichean eile gnìomh a choileanadh ach airson àitichean bàna a lìonadh no gus coinneamh choitcheann a ghairm.
57. Bidh cathraiche a' chompanaidh sa chathair aig gach coinneimh aig a bheil e/i an làthair; mura bheil an cathraiche an làthair taobh a-staigh 15 mionaidean dhen uair aig am bu chòir a'

choinneamh tòiseachadh, faodaidh an t-iar-chathraiche a bhith na chathraiche air a' choinneimh.

58. Faodaidh na stiùirichean, ma thogras iad, cead a thoirt do dhuine sam bith a shaoileas iad iomchaidh, gus a bhith an làthair agus labhairt aig coinneamh dhe na stiùirichean; gus nach bi teagamh sam bith sa chùis, cha bhi cead bhòtaidh aig duine sam bith a chaidh a chuireadh gu coinneamh stiùirichean san dòigh sin.
59. Cha bhòt stiùiriche aig coinneamh stiùirichean (no aig coinneamh comataidh) air rùn sam bith co-cheangailte ri cùis sa bheil com-pàirt phearsanta aige/aice a tha a' strì (no a dh'fhaodadh a bhith a' strì) an aghaidh math a' chompanaidh; feumaidh e/i tarraing air ais on choinneimh nuair a thathar a' dèiligeadh ri cùis mar sin.
60. A rèir artaigil 58, bithear a' meas gu bheil com-pàirt phearsanta aig stiùiriche ann an gnothaich ma tha cèile no dlùth chàirdean eile **no** companaidh sa bheil e/i na c(h)om-pàirtiche **no** companaidh earranta sa bheil mòran roinnean aige/aice no sa bheil e/i na stiùiriche .
61. Cha bhi stiùiriche a' cunntadh ann an cuòram a tha an làthair aig coinneamh co-cheangailte ri rùn anns nach eil cead bhòtaidh aige/aice.

A' toirt ùghdarras do na fo-chomataidhean

62. Faodaidh na stiùirichean gin sam bith dhe na cumhachdan aca a thiomnadh gu fo-chomataidh air a bheil aon stiùiriche, no barrachd air aon, agus duine sam bith eile (ma thogras iad) a dh'fhaodas na stiùirichean a chomharrachadh; faodaidh iad cuideachd gin sam bith dhe na cumhachdan aca a thiomnadh gu cathraiche a' chompanaidh (no neach ann an dreuchd sam bith eile) mar a shaoileas iad iomchaidh.
63. Faodaidh cumhachdan sam bith a bhios air an tiomnadh fo artaigil 62 a bhith fo riaghailtean sam bith a chuireas na stiùirichean orra agus faodar an tarraing air ais no an atharrachadh.
64. Cuiridh na stiùirichean an gnìomh riaghailtean modh-obrach gach fo-chomataidh.

Cunntasan a' bhanca

65. Feumar làmh-sgrìobhaidh dithis dhen fheadhainn a tha air an ainmeachadh le na stiùirichean airson gach cùis co-cheangailte ri cunntas banca no comann-togalaich a bhuineas dhan chompanaidh (ach a-mhàin airson airgead a chur a-steach); 's e làmh-sgrìobhaidh stiùiriche a dh'fheumas a bhith ann an fear dhe na dhà.

Rùnaire

66. Cuiridh na stiùirichean rùnaire a' chompanaidh ann an dreuchd airson ùine, agus air thuarastal (ma tha sin ann) agus air chùmhnanntan a shaoileas iad iomchaidh; faodaidh iad an rùnaire a chur à dreuchd aig àm sam bith.

Geàrr Chunntas

67. Nì na stiùirichean cinnteach gu bheil geàrr chunntas ann dhen h-uile nì a thachras aig coinneamhan coitcheann, coinneamhan stiùirichean agus coinneamhan chomataidhean; bidh ainmean nan daoine a bha an làthair sa gheàrr chunntas, agus (ma ghabhas idir) thèid a soighnigeadh le cathraiche na choinneimh.

Clàran chunntasan is cunntasan bliadhnail

68. Nì na stiùirichean cinnteach gu bheil clàran chunntasan air an cumail mar a tha air iarraidh fon lagh.
69. Ullaichidh na stiùirichean cunntasan bliadhnail, a rèir iarrtasan an lagh; ma dh'fheumar sgrùdadh a dhèanamh a rèir an lagh no ma shaoileas iad sin iomchaidh, nì iad cinnteach gur e neach-sgrùdaidh le teisteanas a nì an sgrùdadh.
70. Cha bhi a' chòir aig ball sam bith (nas lugha na tha e/i na stiùiriche) clàran chunntasan no clàran eile no sgrìobhainn sam bith eile a bhuineas dhan chompanaidh a sgrùdadh, ach a rèir mar a tha sin ceadaichte san lagh no le ùghdarras rùn àbhaisteach a' chompanaidh.

Fiosan

71. Bheirear fios sam bith a dh'fheumar a leigeil gu ball fo na h-artaigilean seo an dara cuid ann an sgrìobhadh no tro chonaltradh dealain; faodar fios mar seo a thoirt dhan bhall gu pearsanta *no* a chur sa phost, ann an cèis pàighte ro làimh, chun an t-seòlaidh mu dheireadh a tha air a chlàradh dha/dhi aig a' chompanaidh no (a thaobh ball a thug fios dhan chompanaidh mu sheòladh airson conaltradh dealain) tro chonaltradh dealain.
72. Bithear a' meas gun tugadh seachad fios, ma chaidh a phostadh, 24 uairean an dèidh a phostadh; an car a bhith a' dearbhadh gun tugadh fios seachad, fòghnaidh e dhearbhadh gu robh an seòladh ceart air a' chèis agus gun deach a phostadh.
73. Bithear a' meas gun tugadh seachad fios tro chonaltradh dealain, 24 uairean an dèidh a chur air falbh; an car a bhith a' dearbhadh gun deach conaltradh dealain a chur air falbh, bidh càil sam bith san stiùireadh aig an *Chartered Institute of Secretaries and Administrators* na dhearbhadh air an seo.

Sgaoileadh

74. Ma thèid an companaidh a sgaoileadh, bheir an neach-sgaoilidh fiosrachadh a rèir clàs 7 de mheòmhrachan a' chomuinn.

Àirleas

75. Bheirear àirleas do gach stiùiriche no oifigeach no neach-sgrùdaidh sa chompanaidh à maoin a' chompanaidh fa chomhair call no buailteachd sam bith a dh'fhaodadh tighinn air/oirre co-cheangailte ri bhith a' cur obair a' chompanaidh an gnìomh na d(h)reuchd; dh'fhaodadh sin a bhith a' gabhail a-steach, gun chlaon-bhreith a dhèanamh air a' choitcheannas sin, buailteachd sam bith a thàinig an lùib a bhith ga d(h)ion fhèin ann an cùirt sam bith (cùirt chatharra no cùirt eucorach) san tugadh binn na f(h)àbhar no anns nach deach a d(h)iteadh **no** buailteachd co-cheangailte ri tagradh san do shaor a' chùirt e/i o bhith buailteach airson dearmadachd, coire no briseadh earbsa co-cheangailte ri cùisean a' chompanaidh.
76. Bidh an t-àirleas ann an artaigil 74 a rèir na h-Achd agus chan eil ceangal eadar sin is àirleas sam bith eile air am faodadh còir a bhith aig stiùiriche.

Mineachadh

77. Sna h-artaigilean so:

tha “an Achd” a’ ciallachadh Achd nan Companaidhean 1985; gabhar ris gu bheil tarraing sam bith sna h-artaigilean seo co-cheangailte ri cùmhnantan na h-Achd a’ gabhail a-steach atharrachadh reachdail no ath-achdachadh dhen chumhnant sin a tha san lagh aig an àm;

tha an aon chiall aig "conaltradh dealain" ’s a tha aig an abairt ann an Achd Conaltraidh Dealain 2000 (*Electronic Communications Act 2000*).

78. Bithear a’ meas gu bheil tarraing shingilte sam bith sna h-artaigilean seo a’ gabhail a-steach an iomarra cuideachd.

Ainmean is seòlaidhean an luchd-aontachaidh

1. George Thomas Geoffrey Langford,
23 Inverarish Terrace, Isle of Raasay, IV40 8NS
 2. Caroline Mackechnie,
10 Mill Place, Isle of Raasay, IV40 8NU
 3. Sarah Blackwood McLeod,
3 The Cottages, Inverarish, Isle of Raasay IV40 8NT
 4. Roland Macalister Stiven,
49 Inverarish Terrace, Isle of Raasay, IV40 8NS
 5. Jill Mary Westgarth,
4 Inverarish Terrace, Isle of Raasay, IV40 8NS
-

Deit

Fianaisean airson gach làmh-sgrìobh gu h-àrd:-